

# A' cur dìon air na Gàidheil an dèidh nam Fuadaichean



Bha e doirbh don bheagan sluaigh a bha air fhàgail air Ghàidhealtachd **bith-beò** a dhèanamh à **croitearachd** sna 1800an, 's cunnart ann an còmhnaidh gum biodh iad air an cur às na **croitean**.

## Blàr a' Chumhaing

Ann an 1882, bha **croitearan** a' Bhràighe, faisg air Port Rìgh san Eilean Sgitheanach feargach. Cha do ghabh iad ri **casg** a bhith ag **ionaltradh** am beathaichean fhèin, agus **dhiùlt** iad am **màl** a phàigheadh don Mhorair MacDhòmhnaill gus am faigheadh iad na **còraichean ionaltraidh** aca air ais.

Dh'iarr am Morair MacDhòmhnaill cuideachadh an lagha gus na croitearan fhuadach agus chaidh Oifigear Siorram a chur à Port Rìgh a thoirt nam pàipearan fuadachaидh dhaibh. Thug na **croitearan** feargach air an Oifigear na pàipearan a chur nan teine. Ri linn seo, dh'iarr Siorram Inbhir Nis cuideachadh bho phoilis Ghlaschu an lagh a chur an sàs.

Nuair a ràinig na poilis am Bràigh, bha fireannaich, boireannaich agus clann fheargach gam feitheamh agus thug **ionnsaigh** orra le maidean agus clachan. Fhuair a' **chonnspaid** seo an t-ainm **Blàr a' Chumhaing**.

